

21 Faoilleach 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Dàmhair 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Acadamaidh Hazlehead. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad a' buntainn ri Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla mur eil nì eile air a ràdh.

- Tha an ceannard agus àrd-stiùirichean ag adhartachadh luachan mar a bhith aig teis mheadhan beatha agus obair na sgoile. Mar thoradh air seo tha dàimhean deimhinneach air an stèidheachadh eadar an luchd-obrach agus na daoine òga a' mhòr-chuid den tìde. Tha dàimhean a' faighinn tuilleadh neartachaidh bho thairgse luchd-obrach agus dhaoine òga air raon farsaing de chothroman airson coileanaidhean agus clubaichean. Tha com-pàirteachadh dhaoine òga air a mhisneachadh le bhith a' dèanamh cinnteach nach eil cosgais na bhacadh.
- Tha àrd-stiùirichean agus com-pàirtichean gnothachais air prìomh sgilean obrach a shònrachadh a dh'fheumas a bhith aig daoine òga airson dreuchdan san àm ri teachd ann am baile mòr Obar Dheathain agus nas fharsainge na sin. Cha mhòr nach eil na daoine òga air fad mothachail air mar a tha cothroman airson coileanaidhean ag adhartachadh nan sgilean sin.

Tha daoine òga a' cur luach air a' chothruim a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, le Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air a chur ris a' churraicealam o chionn ghoirid. Tha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig san sgoil a' dèanamh gu math sna Teisteanasan Nàiseanta.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Baile Obar Dheathain.

- Dèanamh cinnteach à ceannardas cuimsichte a thaobh a bhith ag àrdachadh coileanadh, leis an luchd-obrach air fad, air an treòrachadh le àrd-stiùirichean, soilleir mu na dreuchdan agus na h-uallaichean aca. Bu chòir don luchd-obrach air fad a bhith comasach luachadh a dhèanamh air an eadar-dhealachadh a tha iad a' dèanamh ann an cuideachadh dhaoine òga a bhith a' coileanadh cho math 's as urrainn dhaibh, gu sònraichte iadsan a tha ann an ÀS4 agus ÀS5.
- Toirt air adhart ann an doimhneachd, àireamh so-riaghladh de phrìomhachasan airson leasachadh. Bu chòir dhaibh sin a bhith air an socrachadh air lèirsinn shoilleir, agus a' dèanamh cinnteach à atharrachadh aig deagh astar. Bu chòir do luchd-obrach leantainn orra a' toirt prìomhachas don obair a chaidh a thòiseachadh air leasachadh a' churraicealaim.
- Leantainn air adhart a' leasachadh ionnsachadh, teagasg agus measadh gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan dhaoine òga air fad. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-

steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil obraichean agus gnìomhan a' cur taic ri adhartas.

- A' gabhail sùim den Ghàidhlig ann am planadh ro-innleachdail na sgoile. Bu chòir dhan seo cuimseachadh air a bhith a' meudachadh àireamh nan daoine òga a tha a' leantainn air adhart le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bhon bhun-sgoil agus tro gach ìre den àrd-sgoil. Feumaidh daoine òga barrachd chothroman cunbhalach gus a bhith a' leasachadh am fileantas sa chànan.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Hazlehead

Comharran càileachd	luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	lag
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagraan)</a> . <a href="#">Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing.</a>	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba <https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=2906>.

### Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air toraidhean an rannsachaidh, tha sinn dhen bheachd gu bheil feum aig an sgoil air taic a bharrachd agus air tuilleadh tìde gus na leasachaidhean riatanach a choileanadh. Coobraichidh sinn le Comhairle Baile Obar Dheathain mu chomas na sgoile adhartas a dhèanamh. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh bliadhna on thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle Baile Obar Dheathain mu na nithean mionaideach san sgrùdadh seo. An uair a thilleas sinn gus an sgoil a sgrùdadh, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim ag innse dhuibh mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh